# An Comunn Gaidhealach.

*Patron—*
H.M. THE KING.

# Syllabus and Prize List

OF

## The Forty-~~Fifth~~ Third Mod,

to be held at ABERDEEN,

*On* 24*th*, 25*th*, 26*th and* 27*th September*,
1946.

# An Comunn Gaidhealach.

# Clar-Iomairt agus Dhuaisean

AN

## Da-fhicheadamh Mòid 'sa ~~ceithir~~ trì

a tha ri chumail am baile Obair-dheathain,

*Air an* 24*mh*, 25*mh*, 26*mh agus* 27*mh*
*de 'n t-Sultuin*, 1946.

# Syllabus and Prize List.

## JUNIOR SECTION.

### I.—WRITTEN COMPETITIONS.

NOTES.—The Secretary will send all test papers required for these competitions to the appointed supervisors, together with a supply of foolscap paper.

Every competitor will adopt a pen-name which will be noted opposite the competitors in the entry list.

Each written sheet must show competitor's Pen-Name at the top. (Neither competitor's name nor the name of the school should be entered on written sheets).

Entry lists must be sent to the Secretary not later than 30th March, 1946.

Written competitions will be held on Friday, 26th April, 1946, but special arrangements may be made for Groups D, E, F.

#### Group A.—Pupils in First Year Post-Qualifying Courses.

(a). Translation of an easy passage of Gaelic prose into English.

(b). Translation of simple sentences from English to Gaelic.

Ten book prizes will be awarded ; awards will be based on the total marks gained in (a) and (b). Time 1½ hours.

#### Group B.—Pupils in Second Year Post-Qualifying Courses.

(a). Reproduction in Gaelic of a short English story read twice by the teacher.

(b). Translation of English sentences into Gaelic.

Prizes as in Group A Time 1½ hours (after reading).

#### Group C.—Pupils in Third Year of Post-Qualifying Courses

(a) Translation of an English prose passage into Gaelic.

(b). Translation of a Gaelic passage (prose or verse) into English

Prizes as in Group A. Time 1½ hours

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND D 28 JUL 20??

PB6.217.398/20

# An Clar-iomairt agus na Duaisean.

## EARRANN NA H-OIGRIDH.

### I.—CO-FHARPAISEAN SGRIOBHTA.

Sanasan.—Cuiridh an Runaire na paipearan dearbhaidh airson nan co-fharpaisean so a dh'ionnsaigh nam feadhnach a thaghadh mar luchd-coimhid, maille ri paipearan *foolscap*.

Taghaidh gach co-fharpaiseach ainm-falaich agus theid so a chur mu choinneamh ainm aig am cur a steach nan sanasan.

Feumaidh ainm-falaich a' cho-fharpaisich a bhi air a sgriobhadh air mullach gach duilleig. (Cha chòir ainm a' cho-fharpaisich no ainm na sgoile a bhi air an sgrìobhadh air a'phaipear sgrìobhta).

Feumaidh aireamh is ainmean nan co-fharpaiseach a chur gu ruig an Runaire roimh an 30mh là de mhios Màirt, 1946.

Theid an ceasnachadh a chumail air an 26mh là de'n Ghiblein, 1946, ach faodar ullachadh sonraichte a dheanamh airson Buidhnean D, E, F.

**Buidheann A.—Sgoilearan anns a' cheud bhliadhna thar an t sreath dheasachail de am foghlum.**

(a).—Eadartheangachadh air earrainn furasda de rosg Gaidhlig gu Beurla.

(b).—Eadartheangachadh air sreathan sìmplidh o Bheurla gu Gaidhlig.

Deich duaisean de leabhraichean; bheirear na duaisean a reir nan comharan a gheibhear an (a) agus (b). An ùine cheadaichte: uair gu leth.

**Buidheann B.—Sgoilearan anns an dara bliadhna thar an t-sreath dheasachail de am foghlum.**

(a). Sgrìobhadh bho mheomhair ann an Gaidhlig, sgeulachd ghoirid Bheurla a leughadh da uair leis an fhear theagaisg.

(b). Eadartheangachadh air sreathan Beurla gu Gaidhlig.

Duaisean mar am Buidheann A. An uine cheadaichte, Uair gu leth. (An deidh an leughaidh).

**Buidheann C.—Sgoilearan anns an treasamh bliadhna thar an t-sreath dheasachail de am foghlum.**

(a). Eadartheangachadh earrainn de rosg Beurla gu Gaidhlig.

(b). Eadartheangachadh earrainn de rosg no bardachd Ghaidhlig gu Beurla.

Duaisean mar am Buidheann A. An ùine cheadaichte: uair gu leth.

'67/1564

### Group D.—Evening Continuation Classes or Special Classes

1. Reproduction in Gaelic of a short Gaelic Story read twice by the teacher. Time $\frac{3}{4}$ hour (after the reading). Prizes, 1st, 2nd, 3rd, 4th and 5th, Books.
2. Writing from Dictation of a Gaelic prose passage. The passage will be read once by the teacher, and then dictated. Prizes—1st, 2nd and 3rd (Books) will be given in each Class competing.

### Group E.—University or Training College Students.

1. Translation into English of a Gaelic prose passage or poem. Prizes, 1st, £1; 2nd, 15s.; 3rd, 4th and 5th, Books.
2. Gaelic Essay on a literary or an historical subject. (A choice of four subjects will be given) Time 1 hour. Prizes as for No. 1.

### Group F.—Special Competitions (Conditions laid down by the donor of prizes).

1. For Boys—Essay in Gaelic on the Life of Moses. The Essay will be written in school and certified by Headmaster or Clergyman to be the unaided work of pupils. Competitors must be between 12 and 16 years of age, and essays must reach the Secretary by 11th June, 1940. Prizes presented by the late Mrs. Stewart, Simla, India, 1st, £2 and Gaelic Bible; 2nd, £1 and Gaelic Bible.
2. For Girls—Subject, conditions, and prizes as in No. 1. Prizes presented by the late Mrs. Stewart.

### Group G.

A book prize for each year of the Secondary Course beyond the Third Year will be awarded in every school presenting candidates in Gaelic for the Leaving Certificate. These prizes will be awarded on the marks gained in school examinations during the session.

## II.—ORAL DELIVERY.

8. READING WITH EXPRESSION a Piece of Prose or Poetry, by Native or fluent Gaelic Speakers. Competitors are to prepare three pieces supplied by the Secretary. They will be asked to read any one of the three the Judges may select, and may be asked to answer simple questions on the meaning of the words they recite. Prizes—1st. £1; 2nd, 3rd, 4th and 5th, Books (confined to children over 12 and under 16 years of age)

8A. As above (confined to children under 12 years of age).

9. READING WITH EXPRESSION a Piece of Prose or Poetry, by Learners. Competitors are to prepare three pieces supplied by the Secretary. They will be asked to read any one of the three the Judges may select, and may be asked to answer simple questions on the meaning of the words they recite. Prizes—1st, £1; 2nd, 3rd, 4th and 5th, Books (confined to children over 12 and under 16 years of age).

9A. As above (confined to children under 12 years of age).

**Buidheann D.—Sgoilearan ann an sgoilean feasgair, no am Buidhnean foghluim fa-leth.**

1. Sgriobhadh bho mheomhair—Sgeulachd ghoirid Ghaidhlig a leughar dà uair leis an fhear-theagaisg. An uine cheadaichte, ¾ na h-uaire (as déidh an leughaidh). Duaisean—1, 2, 3, 4, 5, Leabhraichean.
2. Sgriobhadh bho dheachdadh—Earrainn de rosg Gaidhlig air a leughadh thairis aon uair leis an fhear-theagaisg agus an sin air a dheachdadh. Duaisean—1, 2, 3 (leabhraichean) do gach buidheann fa leth a ghabhas pairt.

**Buidheann E.—Oileanaich ann an Oil-thighean.**

1.—Eadar-theangachadh—Earrainn de rosg no de bhàrdachd Gaidhlig gu Beurla. Duaisean—(1) £1; (2) 15/-; 3, 4, 5, Leabhraichean.

2.—Oidheirp litreachail Ghaidhlig—air cuspair litreachail no eachdraidheil. Bheirear roghainn de cheithir chuspairean. An ùine cheadaichte uair. Duaisean mar airson 1.

**Buidheann F.—Co-fharpaisean sonraichte (Tha na cumhnantan annta so a reir iarrtuis na Ban-tabhartaiche).**

1.—Oidheirp litreachail Ghaidhlig—(Balaich) air Beatha Mhaois. Feumar an oidheirp so a choimhead anns an sgoil agus e bhi air fhianuiseachadh leis a' mhaighstir-sgoile no le pears-eaglais gur h-e obair neo-chuidichte an sgoileir a th' innte. Feumaidh na co-fharpàisich a bhi eadar dà-bhliadhna deug agus sè bliadhna deug a dh' aois agus gach oidheirp a bhi ann an làmhan an Runaire air an 11mh là de'n Og-mhios 1940. Duaisean—bho'n Mhnaoi-uasail Stiubhart, nach maireann, Simla. (1) £2 agus Biobull Gaidhlig; (2) £1 agus Biobull Gaidhlig.

2.—Oidheirp litreachail Ghaidhlig—(Caileagan)—Cuspair, Cumhnantan agus duaisean mar an àireimh 1.

**Buidheann G.**

Bheirear leabhar mar dhuais airson gach bliadhna de'n Dara Sreath os ciònn an Treas Bliadhna do gach sgoil a tha ag cur suas sgoilearan airson an Teist Dhealachaidh. Bheirear na duaisean so a réir nan comharan a gheìbhear an ceasnachaidhean sgoile re an t-seisein.

## II.—BEUL AITHRIS.

8. LEUGHADH GU BEACHDAIL, SNASMHOR, Earrainn de Rosg no Bàrdachd, le muinntir aig am bheil a' Ghàidhlig mar an cainnt dhùthchasaich no a tha teòma air a labhairt. Ullaichidh an luchd-farpais trì earrannan a gheibhear bho 'n Rùnaire. Bidh iad air an gairm gu aon sam bith a roghnaicheas na Breitheamhnan de na trì a leughadh, agus faodar gairm orra gu ceistean furasda a fhreagairt mu ciod is brìgh do na briathran a tha iad ag aithris. Duaisean—(1) £1; 2, 3, 4, 5, Leabhraichean (A mhàin dhoibhsan a tha os cionn dusan agus fo shè bliadhna deug a dh' aois).

8A. Mar 8 (A mhàin dhoibhsan a tha fo dhusan bliadhna dh' aois).

9. LEUGHADH GU BEACHDAIL, SNASMHOR, Earrainn de Rosg no Bàrdachd, le muinntir a tha ag ionnsachadh Gaidhlig. Ullaichidh an luchd-farpais trì earrannan a gheibhear bho 'n Rùnaire. Bidh iad air an gairm gu aon sam bith a roghnaicheas na Breitheamhnan de na trì a leughadh, agus faodar gairm orra gu ceistean furasda a fhreagairt mu ciod is brìgh do na briathran a tha iad ag aithris. Duaisean—(1) £1 : 2, 3, 4, 5, Leabhraichean (A mhàin dhoibhsan a tha os cionn dusan agus fo shè bliadhna deug a dh' aois).

9A. Mar 9 (A mhàin dhoibhsan a tha fo dhusan bliadhna dh' aois).

10. READING AT SIGHT an unfamiliar Prose Piece, chosen by the Judges. Prizes — 1st, £1 ; 2nd, 3rd, 4th and 5th, Books. Open to all.

11. RECITING FROM MEMORY "An Coileach" (Calum Caimbeul MacPhàil). Prizes—1st, 15s. and a copy of "Voices from the Hills;" 2nd, 10s. and a copy of same book ; 3rd, a copy of "Voices from the Hills." Open to all. Candidates may be asked simple questions on the meaning of the pieces they recite.

12. VERSE SPEAKING by groups of from 6 to 10 speakers. Prescribed piece "Na Gaidheil an guaillibh a chéile." Prizes— 1st, £2 10s; 2nd, £1 10s ; 3rd, £1.

13. NARRATIVE based on some local incident, tradition, or legend, to be followed by conversation on the subject of the narrative, between the competitors and the adjudicators. Prizes—1st, £1 ; 2nd and 3rd, Books. Open to all.

14. FOR EXCELLENCE IN GAELIC CONVERSATION, for Boys and Girls. Open to all. Prizes—1st, 12s. 6d ; 2nd Book.

14A. FOR EXCELLENCE IN GAELIC CONVERSATION, for Boys and Girls. Confined to learners. Prizes—1st, 12s 6d ; 2nd, Book.

15. For children under 12 years of age. BOYS. Repeating Micah Chap. IV. verses 1 to 5 or verses 25 to 30 of Chap. XI. of the Gospel of St. Matthew. Pupils will be asked to spell words from the chapter they repeat. Prizes—1st, £1 10s. and Gaelic Bible ; 2nd, 15s. and Gaelic Bible ; 3rd, 10s. and Gaelic Bible. Prizes from the late Mrs. Stewart, Simla.

16. GIRLS. Same as Competition 15.

CO-FHARPUISEAN AIRSON COMUNN NA H-OIGRIDH.

17. COMHRADH. (3 mionaidean) eadar an Co-fharpuiseach, air cuspair a thaghas e fhein, agus am Breitheamh. Feumaidh a chuid as motha de'n bhruidhinn a bhi aig a' Cho-fharpuiseach. Duaisean, Leabhraichean, luach (1) 7/6; (2) 5/-; (3) 2/6.

18. DEALBH-CLUICH. Aon o'n triuir, "Tea a Nasgaidh," "A' Chlann fo Gheasaibh" no "Dealbh mo Sheanair" no dealbh-cluich eile nach gabh ach da mhionaid dheug r'a cluich. Faodar aon sam bith de 'n triuir a dh 'ainmicheach iarraidh bho 'n Rùnaire. Duaisean (1) £2 ; (2) £1.

## III—VOCAL MUSIC.

**NOTE.—The following Solo, Duet and Choral Competitions, 20, 21, 22, 23 and 24, are confined to those who are able to converse in the Gaelic language :—**

**N.B.—No pianoforte accompaniment is allowed in the Junior Section.**

10. LEUGHADH AIR A' CHEUD SHEALLADH—Earrainn de Rosg Gàidhlig nach aithne do 'n luchd-farpais, a théid a thaghadh leis na Breitheamhnan. Duaisean — (1) £1 ; 2, 3, 4, 5, Leabhraichean. Fosgailte do na h-uile.

11. AITHRIS BHO MHEOMHAIR —"An Coileach" (Calum Caimbeul MacPhàil). Duaisean—(1) 15s. agus an leabhar "Guthan o na beanntan," (2) 10s agus an leabhar, "Guthan o na beanntan," (3) an leabhar, "Guthan o na beanntan." Fosgailte do na h-uile. Faodaidh na co-fharpaisich a bhi air an gairm gu ceistean furasda a fhreagairt mu ciod is brìgh do na briathran a tha iad ag aithris.

12. RANN-LABHAIRT le buidhnean anns am bi bho shè gu deich luchd-labhairt. Is i a' bhàrdachd a thaghadh "Na Gaidheil an guaillibh a chéile." Duaisean—(1) £2 10s ; (2) £1 10s ; (3) £1.

13. SGEUL, air a stéidheachadh air tachartas, beul-aithris, no sgeul dùthchail, ri bhi air a leantainn le còmhradh mu 'n chùis-sgeoil, eadar an luchd-farpais agus na breitheamhnan. Duaisean—(1) £1; (2), Leabhar. Fosgailte do na h-uile.

14. OIRDHEIRCEAS ANN AN LABHAIRT NA GAIDHLIG. Balachain agus Caileagan. Fosgailte do na h-uile. Duaisean—(1) 12s 6d ; (2) Leabhar.

14a. OIRDHEIRCEAS ANN AN LABHAIRT NA GÀIDHLIG Fosgailte do Bhalachain agus do Chaileagan. Muinntir a tha ag ionnsachadh Gaidhlig. Duaisean—(1) 12s 6d; (2) Leabhar.

15. Air son cloinne fo dhà bhliadhna dheug a dh' aois. BALAICH. Aithris air mheomhair an ceathramh Caib. de Leabhar Mhicah rannan 1 gu 5 no bho'n 25 rann gus an 30mh rann de'n XImh Caib. de Shoisgeul Mhata. Theid an luchd-farpais a cheasnachadh mu litreachadh fhacal anns na caibdeilean a dh' aithriseas iad. Duaisean—(1) £1 10s. agus Bìobull Gàidhlig ; (2) 15/- agus Bìobull Gàidhlig ; (3) 10/- agus Bìobull Gàidhlig. Na Duaisean bho'n Mhnaoi Uasail Stiubhart nach maireann, Simla, na h-Innsean.

16. CAILEAGAN. An aon ni ri àireimh 15.

CO-FHARPUISEAN AIRSON COMUNN NA H-OIGRIDH

17. COMHRADH. (3 mionaidean) eadar an Co-fharpuiseach, air cuspair a thaghas e fhein, agus am Breitheamh. Feumaidh a chuid as motha de 'n bhruidhinn a bhi aig a' Cho-fharpuiseach. Duaisean—Leabhraichean luach (1) 7/6 ; (2) 5/- ; (3) 2/6.

18. DEALBH-CLUICH. Aon o 'n triuir, "Tea a Nasgaidh," "A' Chlann fo Gheasaibh" no "Dealbh mo Sheanair" no dealbh-cluich eile nach gabh ach da mhionaid dheug r'a cluich. Faodar aon sam bith de 'n triuir a dh 'ainmicheach iarraidh bho 'n Runaire. Duaisean (1) £2 ; (2) £1.

## III.—GUTH-CHEOL.

SANAS.—Tha na co fharpaisean orain-aon-neach, agus orain càraid, agus orain co-sheirm a leanas, 20, 21. 22, 23 agus 24, air an sonsan a mhain a tha comasach air a' Ghaidhlig a labhairt.

N.B.—Chan 'eil cuideachadh inneil air a cheadachadh an Earrainn na h-Oigridh.

19. ACTION SONG. A song with appropriate actions to occupy not more than five minutes. Prize, £4 4s., and retention for one year of the "Shiant Shield" presented by Mr. Compton MacKenzie.

20. **SOLO SINGING** of a Song. Girls. The songs prescribed are—"Ho mo Luran" and "Mìogach, milis thu" (Orain a' Mhòid XVII.) Prizes—1st, £1 and the **SILVER MEDAL** of An Comunn. 2nd and 3rd, Books. Competitors may be called upon to sing either song.

21. **SOLO SINGING** of a Song. Boys. The songs prescribed are—"Mo Dhachaidh" and "Hug oireann o" (Orain a' Mhòid XVII.) Prizes 1st, £1 and the **SILVER MEDAL** of An Comunn; 2nd and 3rd, Books. Competitors may be called upon to sing either song.

22. DUET SINGING of the Song, "An Ribhinn Mhàlda" (Orain Càraid). Prizes—1st, £1; 2nd, Book.

23. CHORAL SINGING of two Songs, with or without chorus, in two part harmony. The prescribed songs are "Thug mi'n oidhche raoir sunndach" and "Maol Ruanaidh" supplied by the Secretary. At least 50% of the members must be able to converse in the Gaelic language. Prizes—1st, £5, retention for a year of the *Oban Times* Challenge Trophy; 2nd, £3. See page 26.

24. TRADITIONAL SINGING of an unpublished Gaelic Song. Prizes—1st, 2nd and 3rd, Books.

**NOTE.—The following Solo, Duet, and Choral Competitions, 25 to 28, are confined to *learners of Gaelic*, *i.e.*, those who are acquiring the language, as distinct from native, or fluent speakers. Competitors in this Class must be tested by the Gaelic Judges on their knowledge of the meaning of the words they sing.**

25. SOLO SINGING of a Song. Girls. The songs prescribed are—"Ille Dhuinn" and "Gur trom, trom a tà mi" (Orain a' Mhoid XVII.) Prizes—1st, 15s; 2nd and 3rd, Books. Competitors may be called upon to sing either song.

26. SOLO SINGING of a Song. Boys. The songs prescribed are—"Mo shùil ad dheidh" and "Tiugainn leam" (Orain a Mhoid XVII.) Prizes—1st, 15s; 2nd and 3rd, Books. Competitors may be called upon to sing either song.

27. DUET SINGING of the song "Siubhal Fàsaich" (Orain Càraid.) Prizes—1st, £1; 2nd, Book.

28. CHORAL SINGING of two Songs, with or without chorus, in two part harmony. Prizes—1st, £5, retention for a year of Mrs. Miller's trophy; 2nd, £3. The songs prescribed are "Gur moch rinn mi dùsgadh" and "Am Bàta Rannach" supplied by the Secretary.

19. GNIOMH ORAN. Oran le iomairtean freagrach nach gabh os cionn coig mionaidean 'ga chluich Duais £4 4s., agus bliadhna de "Sgiath nan Eileana Seunta," bho Mhgr. Compton MacCoinnich.

20. **ORAN-AON-NEACH.** Caileagan. Is iad na h-òrain a thaghadh—"Ho mo Luran" agus "Mìogach, milis thu" (Orain a Mhòid XVII.) Duaisean—(1) £1, agus **BONN SUAICHEANTAIS AIRGID** a' Chomuinn; 2, 3, Leabhraichean. Faodar iarraidh air co-fharpaiseach aon air bith de na h-orain a sheinn.

21. **ORAN-AON-NEACH.** Balachain. Is iad na h-òrain a thaghadh—"Mo Dhachaidh" agus Hug oireann o" (Orain a' Mhòid XVII.) Duaisean—(1) £1, agus **BONN SUAICHEANTAIS AIRGID** a' Chomuinn; 2, 3, Leabhraichean. Faodar iarraidh air co-fharpaiseach aon air bith de na h-orain a sheinn.

22. ORAN-CÀRAID. A' chàraid as fheàrr agus as coimhlionta a sheinneas còmhla ann an rian dà-fhillte an t òran "An Rìbhinn Mhàlda" (Orain Càraid.) Duaisean—(1) £1; (2), Leabhar.

23. SEINN ORAN ANN AN CO-SHEIRM, le séist, no dh' easbhuidh séist, ann an rian dà fhillte. Is iad na h-òrain a chaidh a thaghadh "Thug mi'n oidhche raoir sunndach" agus "Maol Ruanaidh" ri'm faotainn bho'n Rùnaire. Feumaidh, air a' chuid as lugha, dara leth de na co-fharpaisich a bhi comasach air a' Ghàidhlig a labhairt. Duaisean—(1) £5, bliadhna de Gheall-dùbhlain an "Oban Times." (2) £3. Faic taobh-duilleig, 27.

24. SEINN ORAIN GHÀIDHLIG nach robh roimhe an clò, a réir an t-seann nòis. Duaisean—1, 2, 3, Leabhraichean.

**SANAS.—Tha na Co-fharpaisean, 25 gu 28,** ***air an son-san a mhain a tha ag ionnsachadh Gaidhlig;*** **is e sin, muinntir a tha a' toiseachadh air togail na canain agus cha'n e clann Ghaidhealach no clann a tha teoma air a' Ghaidhlig, mar tha.** ***Feumaidh*** **Breitheamhnan na Gaidhlig ceisdean rannsachail a chur air na co-fharpaisich so, dh' fheuch am bheil iad a' tuigsinn brigh nam briathran a tha iad a' seinn.**

25. ORAN-AON-NEACH. Caileagan. Is iad na h-òrain a thaghadh—"Ille Dhuinn" agus "Gur trom, trom a tà mi" (Orain a' Mhòid XVII.). Duaisean—(1) 15s.; 2, 3, Leabhraichean. Faodar iarraidh air co-fharpaiseach aon air bith de na h-orain a sheinn.

26. ORAN-AON-NEACH. Balachain. Is iad na h-òrain a thaghadh—"Mo shùil ad dheidh" agus "Tiugainn leam" (Orain a' Mhòid XVII.) Duaisean—(1) 15s.; 2, 3, Leabhraichean. Faodar iarraidh air co-fharpaiseach aon air bith de na h-orain a sheinn.

27. ORAN-CÀRAID. An t-òran, "Siubhal Fàsaich" (Orain Càraid.) Duaisean—(1) £1; (2), Leabhar.

28. SEINN ORAN ANN AN CO-SHEIRM, le séist, no a dh'easbhuidh séist, ann an rian dà no trì fhillte. Duaisean—(1) £5, bliadhna de Gheall-dùbhlain na Mnatha Uasail Nic a' Mhuilleir. (2) £3. Is iad na h-òrain a chaidh a roghnachadh "Gur moch rinn mi dùsgadh" agus "Am Bàta Rannach" ri'm faotainn bho'n Rùnaire.

29. SOLO SINGING of a Song. Boys and Girls. Open only to former first prize winners (learners and native speakers). The song prescribed is—"Hi ri rì tha e tighinn" (Orain a' Mhoid XVII). Prizes—1st, £1; 2nd and 3rd, Books.

30. UNISON SINGING Competition for Junior Choirs. The Songs prescribed are "Iorram Cuain" and "Puirt-a-Beul" (supplied by Secretary). Prizes—1st, £3, and retention for one year of the Mrs. Campbell Blair Trophy; 2nd, £2.

31 SOLO SINGING of a Gaelic Song (own choice). Open to Girls over 16 and under 18 years of age at date of Mòd. Prizes—1st, £1 5s, 2nd, 15s; 3rd, Book.

# SENIOR SECTION.

## I.—LITERATURE.

**Note.—All prize-winning competitors in Competitions 32, 45, 46, 47, 48, 49, 66 and 67, must be, or become, members of An Comunn.**

A SILVER CUP presented by the Earl and Countess of Cassillis will be awarded to the competitor having the highest number of marks in the Senior Literary Competitions in which he, or she, has been a prize-winner.

A GOLD MEDAL will be given to the most distinguished Prize-winner in the Literary Competitions; former winners are debarred. Medal presented by Miss Millar Weir, Alexandria.

Note.—In Competitions 32 to 37 a second prize may be awarded in each.

32. POEM, on any subject. Prizes—1st, £5; 2nd, £3.

33 ONE SHORT STORY not exceeding 600 words. Prize—£2 2s.

34. GAELIC STORY, extending to 2000 words or more. The Tale may be based on actual historical incidents or local legends Prize—£5. Prize presented by the Gaelic Society of Glasgow.

35. GAELIC PLAY of One Act, to take not more than 40 minutes in delivery. Prize—£5. "Archd. MacCulloch Memorial" Prize presented by Ceilidh nan Gaidheal.

36 ACTION SONGS for Children. Not less than 3, with music. Prize—£5, by Mr. Robert MacMillan, Glasgow.

37. ESSAY on any Subject. Prize—1st, £5.

**Mod Entries close on 20th July.**

29. ORAN-AON-NEACH. Balachain agus Caileagan. Fosgailte a mhàin do mhuinntir a choisinn prìomh-dhuaisean a' Chomuinn (luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig). Is e an t-òran a' thaghadh "Hi ri rì tha e tighinn" (Orain a' Mhoid XVII.). Duaisean—(1) £1; 2, 3, Leabhraichean.

30. SEINN AON-FHUAIMEACH, air son Chòisirean-òigridh. Is iad na h-orain a chaidh a shònrachadh, "Iorram Cuain" agus "Puirt-a-beul" (ri'm faotainn bho'n Runaire). Duaisean—(1) £3, agus bliadhna de Chuach na Mnatha Uasail Chaimbeul Bhlàireach; (2) £2.

31. SEINN ORAIN-AON-NEACH (an roghainn). Fosgailte do Chail-eagan os cionn sè bliadhna deug agus fo ochd bliadhna deug a dh' aois aig ám a' Mhòid. Duaisean—(1) £1 5s; (2) 15s; 3, Leabhar.

# EARRANN NAN INBHEACH

## I.—LITREACHAS.

**Sanas.—Feumaidh co-fharpaisich a gheibh duaisean an co fharpaisean 32, 45, 46, 47, 48, 49, 66 agus 67, a bhi 'nam buill, no tighinn gu bhi 'nam buill, de'n Chomunn.**

CUACH AIRGID bho Mhorair is Baintighearna Cassillis do'n cho-fharpaiseach aig am bi na comharran as airde an Earrainn na Litreachais agus anns an d' fhuair e duais.

Bheirear BONN SUAICHEANTAIS OIR do 'n fhear buidhne as sonraichte anns na co-fharpaisean Litreachais; bacar iad-san a bhuidhinn roimhe. Am BONN bho'n Mhgdn. Uasail Millar Weir, Alecsandria.

Sanas.—Anns na co-fharpaisean 32 gu 37 faodar dara duais a thoirt seachad.

32. DUAN air cuspair sam bith. Duais—(1) £5; (2) £3.

33. AON SGEUL anns nach bi os cionn 600 facal. Duais—£2 2s.

34. SGEUL GAIDHLIG, anns am bi air a' chuid as lugha 2000 facal. Faodaidh an sgeul a bhi air a stéidheachadh air fior thachartasan eachdraidheil, no air seann sgeòil na dùthcha. Duais £5. An duais bho Chomunn Gàidhlig Ghlaschu.

35. CLUICH GAIDHLIG, an aon sealladh nach gabh barrachd air 40 mionaid 'ga liubhairt. Duais—£5. Cuimhneachan Chéilidh nan Gàidheal air Gilleasbaig MacCullaich.

36. GNIOMH ORAIN airson cloinne. Tri, air a' chuid as lugha, le ceòl. Duais—£5, bho Mgr. R. Mac 'Ille Mhaoil, Glaschu.

37. OIDHEIRP LITREACHAIS air cuspair 'sam bith. Duais—(1) £5.

## II.—ORAL DELIVERY

**NOTE.**—A Gold Medal will be awarded to the competitor gaining the highest aggregate marks in competitions 38, 39, and 40. Gold Medal presented by the Glasgow Skye Association.

N.B.—No Competitor in competitions 41, 42, 43 and 44 can obtain a prize for the same poem, recitation, speech or dialogue, oftener than once.

38. RECITATION of the Poem "Eilean na h-Oige" (Orain a' Mhoid XVI.), memorised by competitor Prizes—1st, £1; 2nd, 10s. Open to all.*

39. RECITATION of the Prose Piece "Mac Mhuirich Staolagaraidh" (Malcolm MacPhee). (Orain a' Mhoid XVI.). Prizes—1st, £1; 2nd, 10s. Open to all.*

40. READING of an unfamiliar Piece of Prose chosen by the judges Prizes—1st, £1; 2nd, 10s. Open to all.*

41. RECITATION of a Piece of Original Poetry specially composed by the Competitor. Prizes, 1st, £2, 2nd £1. "The Calum MacPhàrlain Memorial Prizes," presented by the Paisley Highlanders' Association. Competitors must, at time of entry, send a copy of their composition to the Secretary.

42 ANCIENT-FOLK TALE, preferably unpublished—narrated in the traditional style. Prizes—1st £2; 2nd, £1.

43 For the Best Prepared ORIGINAL GAELIC SPEECH on any subject, not to exceed 10 minutes in delivery. Prizes—1st, £2; 2nd, £1.

44. BEST ACTED DIALOGUE by Two Performers. The words may be selected from any published Gaelic work, or may be specially composed. Not to exceed 15 minutes in delivery. Prizes—1st, £3 and retention for one year of "The Queen Elizabeth Coronation Trophy," presented by MacGillivray of MacGillivray, LL.D.; 2nd, £2; 3rd, £1.

*NOTE.—It is expected that, in the Oral Delivery Competitions 38, 39 and 40, teachers of Gaelic will not compete against their own or other pupils.

## III.—VOCAL MUSIC.

Competitions Nos. 46, 47, 48 and 49 are confined to those who are able to read and converse in the Gaelic language. Competitors will be examined as to their knowledge of Gaelic before being allowed to compete. Any competitor who fails to satisfy the Gaelic examiner will not be allowed to compete. Awards for the Gold Medals and second and third prizes shall be confined to the six competitors of each sex who stand highest in each of the "Oran Mor" and "James Grant" competitions.

These will sing in competition 45, and the marks obtained, added to those gained in the other two competitions, will determine the award of the Gold Medals. No individual entries can, therefore, be accepted for competition 45 this year.

Prizes—1st Gold Medal; 2nd £5; 3rd £3.

## II.—BEUL-AITHRIS.

SANAS.—Bheirear Bonn-Suaicheantais Oir air son feabhais anns na co-fharpaisean 38, 39, agus 40. Am Bonn bho'n Chomunn Sgiathanach an Glaschu.

Chan fhaigh co-fharpaiseach am Farpaisean 41, 42, 43 agus 44 duais airson an aon duain, aithris, òraid no cluich chomh-labhairt a bharrachd air aon uair.

38. UR-AITHRIS air a' Bhardachd "Eilean na h-Oige" (Orain a' Mhòid XVI.), air mheomhair. Duaisean—(1) £1; (2) 10s. Fosgailte do na h-uile.*

39. UR-AITHRIS air an earrainn "MacMhuirich Staolagaraidh" (Domhnall Mac Fhionghainn) (Orain a' Mhòid XVI.). Duaisean—(1) £1; (2) 10s. Fosgailte do na h-uile.*

40. LEUGHADH air a' cheud sealladh, earrainn de rosg Gàidhlig, a roghnaicheas na breitheamhnan. Duaisean—(1) £1; (2) 10s Fosgailte do na h-uile.*

41. UR-AITHRIS air earrainn de bhàrdachd air ùr-dheanamh leis a cho-fharpaiseach fhéin. Duaisean, (1) £2; (2) £1. "Duaisean Cuimhneachan Chaluim Mhic Phàrlain" air an tairgse le Comunn Ghaidheal Phaislig. Feumaidh co fharpaisich, aig am cur a steach an ainmean, leth-bhreac de a'm bardachd a chur a dh'ionnsuidh an Rùnaire.

42. SEANN SGEULACHD—mar roghainn, sgeulachd nach robh roimhe ann an clò—air aithris a réir an t-seann nòis. Duaisean—(1) £2; (2) £1.

43. AN ORAID GHAIDHLIG as snasmhoire, air a h-ullachadh leis an fhear-labhairt, air cùis sam bith, agus nach iarr os cionn deich mionaidean g'a labhairt. Duaisean—(1) £2; (2) £1.

44. A' CHLUICH CHOMH-LABHAIRT as fhearr le dà fhear-cluiche. Faodaidh na facail a bhi air an taghadh bho obair chlò-bhuailte Ghàidhlig 'sam bith, neo faodaidh na facail a bhi air an sgriobhadh airson na Cluiche, agus gun dol os cionn cairteal na h-uaire g'a liubhairt. Duaisean—(1) £3 agus bliadhna de "Sgiath Chuimhneachan air Crùnadh Ban-Righ Ealasaid" a thugadh le Ceann-feadhna Chloinn Mhic Ghille Bhrà, LL.D.; (2) £2; (3) £1.

*SANAS.—Tha e air iarraidh nach gabh luchd-teagaisg Gàidhlig cuid anns na Co-fharpaisean aithris, àireamhan 38, 39 agus 40, an aghaidh am foghlumach fhéin no fhoghlumach eile.

## III.—GUTH-CHEOL.

Tha na co-fharpaisean, 46, 47, 48 agus 49 a mhain airson na muinntir is urrainn a' Ghaidhlig a leughadh agus conaltradh a dheanamh innte. Bidh co-fharpaisich air an ceasnachadh a thaobh an eolais air a' Ghaidhlig mu'm faigh iad feuchainn. Co-fharpaiseach air bith nach toilich am Fear ceasnachaidh Gaidhlig cha leigear leis (no leatha) seinn. Bheirear breith airson nam BONN SUAICHEANTAIS airson nan dara agus nan treas duaisean, air an t-seanar fhear agus an t-seanar bhan aig am bi an tomhas as airde de chomharan an co-fharpaisean an "Orain Mhoir" agus "Sheumais Ghrannd." Seinnidh iad sin an co-fharpais 45 agus cuirear na comharan a gheibhear an so comhla riu-san a gheibhear 's an da cho-fharpais eile. Is iad so na comharan a dhearbhas luchd-buidhne nam BONN SUAICHEANTAIS. Cha ghabhar, uime sin, ainmeannan fa leth airson co-fharpais 45 air a' bhliadhna so.

Duaisean—(1) Bonn-Suaicheantais oir; (2) £5; (3) £3.

**Note.—All prize-winning competitors in Competitions 32, 45, 46, 47, 48, 49, 66 and 67, must be, or become members of An Comunn.**

Note—No Pianoforte Accompaniment allowed in the Gold Medal Series.

45. GOLD MEDAL FINAL COMPETITIONS. Solo Singing of the Songs 'O tù 's gur a tu tha'ir m'aire" (ladies) and "A chailein donn a' chuailein réidh" (men). (Orain a' Mhoid XVI.). Competitors must also sing a song of their own choice. Prizes (each section)—1st, £1 10s.; 2nd, £1.

N.B.—[No entries accepted for Competition No. 45 this year].

See Note (Vocal Music) page 12.

46. SOLO SINGING of the Oran-mór "Oran Mor Mhic Leoid" Female voices. (Orain a' Mhoid XVI.) "The Jessie N. MacLachlan Memorial Prize," £2 5s.

47. SOLO SINGING of the Oran-mór "Iain Caimbeul a' Bhanca" Male Voices. (Orain a' Mhoid XVII.) "The Jessie N. MacLachlan Memorial Prize," £2 5s.

48. SOLO SINGING of a Gaelic song connected with the County of Inverness to be known as the "James Grant Memorial" Prize. Open. Prizes—(Ladies) 1st, £1 10s; 2nd, £1; (Gentlemen) 1st, £1 10s.; 2nd, £1,

A competitor must not sing the same song two years in succession.

49. OBAN AND LORN ASSOCIATION WAR COMMEMORATION MEDAL (Open), for the best rendering of one of the following songs by Lorn bards, "Ceol nan Cruinneag" and "Coire Cheathaich" (Orain a' Mhoid XVII.). Competitors to prepare both songs and must sing alternative song if called upon. Prizes— 1st, Gold Badge and £1; 2nd, £2. (Presented by the Glasgow Oban and Lorn Association)

50. SOLO SINGING of a Song. Female Voices. Confined to Members of An Comunn Gaidhealach, its Branches and Affiliated Societies Prizes—1st, £2 2s; 2nd, £1 1s. "The Bessie Campbell Memorial Prizes." Former gold medallists and first-prize winners for singing excluded. Members of Branches and Affiliated Societies must give evidence of membership when entering.

51 SOLO SINGING of a Song. Male Voices. Confined to Members of An Comunn Gaidhealach, its Branches and Affiliated Societies. Prizes—1st, £2; 2nd. £1. Former gold medallists and first-prize winners for singing excluded. Members of Branches and Affiliated Societies must give evidence of membership when entering.

**Sanas.—Feumaidh co-fharpaisich a gheibh duaisean an co-fharpaisean 32, 45, 46, 47, 48, 49, 66 agus 67, a bhi 'nam buill, no tighinn gu bhi 'nam buill, de'n Chomunn.**

SANAS—Cha cheadaichear ceòl inneil anns na co-fharpaisean so.

45. FARPAISEAN CRIOCHNUIDHEACH NAM BONN SUAICHEANTAS OIR. Seinn nan Oran, "O's tù 's gur a tù th'air m' aire" (boirionnaich) agus "A chailein donn a' chuailein rèidh" (firionnaich). (Orain a' Mhoid XVI.). Feumaidh co-fharpaisich Oran de'n roghainn fhein a sheinn. Duaisean ('s gach earrann)—(1) £1 10s.; (2) £1.

Faic Sanas t.d., 13.

46. ORAN-AON NEACH. Seinn an Orain-mhóir "Oran Mor Mhic Leoid." Boirionnaich. (Orain a' Mhòid XVI.) Duais—"Cuimhneachan Sheònaid N. NicLachlainn," £2 5s.

47. ORAN AON-NEACH. Seinn an Orain-mhóir, "Iain Caimbeul a' Bhanca." Firionnaich. (Orain a' Mhòid XVI.) Duais—"Cuimhneachan Sheònaid N. NicLachlainn," £2 5s.

48. SEINN ORAIN-AON-NEACH. Oran Gàidhlig comh-cheangailte ri Siorramachd Inbhirnis agus a bhios air ainmeachadh mar chuimhneachan air Seumas Grannd, nach maireann. Duaisean—(Boirionnaich)—(1) £1 10s.; (2) £1; (Firionnaich)—(1) £1 10s; (2) £1.
Chan fhaod co-fharpaiseach an aon òran a sheinn dà bhliadhna an déidh a' cheile.

49. COMUNN AN OBAIN AGUS LATHURNA—BONN SUAICHEANTAIS, mar chuimhneachan air na laoich a thuit 'sa chogadh. Seinn aon de na h-orain a leanas le Bàird Lathurnach—"Ceol nan Cruinneag" agus "Coire Cheathaich" (Orain a' Mhòid XVI.) Tha co-fharpaisich ris an dè òran ullachadh agus feumaidh iad an dara aon a Sheinn me theid ianaidh orre. Duaisean—(1) Bonn Suaicheantas Oir agus £1; (2) £2. (Na duaisean air an tabhairt le Comunn Obanach agus Lathurnach Ghlaschu).

50. ORAN-AON-NEACH. Boirionnaich. Air an son-san a mhàin a tha 'n am buill de'n Chomunn Ghàidhealach, no de na Comuinn eile a tha co-cheangailte ris. Duaisean—(1) £2 2s; (2) £1 1s. "Duaisean Cuimhneachaidh Ealasaid Chaimbeul." Cumar a mach ás a' cho-fharpais so iadsan a bhuidhinn Bonn-suaicheantais òir, no Prìomh dhuaisean a' Chomuinn air son seinn, mar tha. Feumaidh buill nan Comunnan, a tha an dàimh ris a' Chómunn Ghàidhealach, dearbhadh a thoirt aig ám cur a steach an ainmeannan, gu'm buin iad da-rìreadh do na Comuinn sin.

51. ORAN-AON-NEACH. Firionnaich. Air an son-san a mhàin a tha 'nam buill de'n Chomunn Ghàidhealach, no de na Comuinn a tha co-cheangailte ris. Duaisean—(1) £2; (2) £1. Cumar a mach ás a' cho-fharpais so iadsan a bhuidhinn Bonn-suaicheantais òir, no Prìomh dhuaisean a' Chomuinn, air son seinn, mar tha. Feumaidh buill nan Comunnan, a tha an dàimh ris a' Chomunn Ghàidhealach, dearbhadh a thoirt aig ám cur a steach an ainmeannan, gu'm buin iad da-rìreadh do na Comuinn sin.

52. DUET SINGING of a Song. Prizes—1st, £2; 2nd, £1.

53. QUARTETTE singing of the Song "'Si mo leannan an té nr" (Male Voices) (Mod Choral Booklet). Prizes—£2 and £1.

54. CHORAL SINGING of the Songs, "Gon an till mi nall" and "Dh'fhalbh mo Leannan fhein." (Mod Choral Booklet). Female Voices only. Prizes—1st, £7, and retention for one year of the Esmè Smyth Trophy; 2nd, £5; 3rd, £3. See page 28.

55. CHORAL SINGING of two Songs, with or without Chorus, in four-part harmony. The Songs prescribed are "Oran an amadain bhòidhich" (Bayley and Ferguson) and "'S tù mo rùn." (Mod Choral Booklet). "Hi ri ri tha e tighinn" (for Grand Concert only). Prizes—1st, £20 retention for one year of the Lovat and Tullibardine Trophy; 2nd, £15; 3rd, £10; 4th, £5. Choirs must consist to the extent of at least 50 per cent. of Gaelic speakers.

56 CHORAL SINGING of two Songs, with or without Chorus, in three or four-part harmony. Male Voices only. The two Songs prescribed are "Triall-Marana h-I" and "Mo Chaileag Shuaneartach" (Mod Choral Booklet.) Prizes, 1st, £7, and retention for one year of the "Mull and Iona Shield," presented by Mr. and Mrs. Neil Cameron; 2nd, £5; 3rd, £3.

57. CHORAL SINGING of the Songs "Till, Till, Oigh mo rùin" and "Nunn do Mhuile" (Coisir a' Mhòid II). Confined to Choirs from Rural Districts, excluding towns of more than 2000 of a population. Choirs must consist to the extent of at least 50°/₀ of Gaelic speakers. Prizes—1st, £10, and retention for one year of the "Lorn Shield," presented by Colonel and Mrs. Iain Campbell (Airds); 2nd, £7; 3rd, £6; 4th, £5.; 5th, £3.

58. CHORAL SINGING OF THE SONGS "Eilean Leodhais" and "Eilean mo Ghaoil" (MacConachie: Booklet from MacLaren.) Confined to Choirs from Rural Districts, excluding towns of more than 2 000 of a population. Prizes—1st, £10 and retention for one year of "The Sheriff MacMaster Campbell Memorial Cuach"; 2nd, £7; 3rd £6; 4th £5; 5th £3.

59. CHORAL SINGING of the Puirt-a beul "Na maragan aig Ruairidh" and "Am Muileann Dubh" by J. MacTaggart (Mod Choral Booklet) To be sung strictly according to dance measure. Prizes—1st, Retention for one year of the Greenock Gaelic Choir Cup, and £5; 2nd, £3; 3rd, £2.

60. GAELIC FOLK-SONGS—For the Best Rendering of two *unpublished Gaelic Folk-songs, sung in the traditional manner.* The words need not necessarily be unpublished. Copy of words and music must be sent to the Secretary at time of entering. No pianoforte accompaniment allowed in this Competition. Prizes—1st, £2 10s. and retention for one year of "The Scotia Trophy; 2nd, £1 10s.; 3rd, £1.

52. CEOL-CARAID. A chàraid as fheàrr a sheinneas Oran còmhla ann an rian dà-fhillte. Duaisean—(1) £2; (2) £1.

53. SEINN AN ORAIN CHEATHRAIR. (Firionnaich) "'Si mo leannan an tí ur" (Leabhran a' Mhòid). Duaisean—(1) £2; (2) £1.

54. SEINN NAN ORAN "Gon an till mi nall" agus "Dh'fhalbh mo leannan fhein" (Leabhran a' Mhòid). Boirionnaich a mhàin. Duais—(1), £7, agus bliadhna de Gheall-dùbhlain Esmè Nic a' Ghobhainn; (2) £5; (3) £3. Faic taobh-duilleig 29.

55. SEINN ORAN ANN AN CO-SHEIRM, le Séist no a chion Séist ann an rian ceithir fillte. Is iad na h-òrain a tha air an taghadh, "Oran an amadain bhòidhich" (Bayley and Ferguson) agus "'S tu mo rùn" (Leabhran a' Mhòid). "Hi ri ri tha e tighinn" (air son a' Chuirm Chiùil a mhàin). Duaisean—(1) £20, bliadhna de Sgiath-shuaicheantais Mhic-Shimi agus Mhoraire Thulaich Bhàrdainn; (2) £15; (3) £10; (4) £5. Feumaidh dara leth de bhuill nan Còisirean a bhi comasach air Gàidhlig a labhairt.

56. SEINN ORAN ANN AN CO-SHEIRM, le Séist no a chion Séist ann an rian trì no ceithir fillte. Air son Fhirionnach a mhàin. Is iad an dà òran a tha air an taghadh, "Triall-Mara na h-I" agus "Mo Chaileag Shuaineartach" (Leabhran a' Mhòid). Duais—(1) £7, agus bliadhna de Sgiath Mhuile agus I a thugadh le Niall Camshron agus a chéile; (2) £5; (3) £3.

57. SEINN AN CO-SHEIRM nan òran "Till, Till, Oigh mo rùin" agus "Nunn do Mhuile" (Coisir a' Mhòid II). A mhàin air son Chòisirean Dùthchail. Cha cheadaichear do bhaile os cionn da mhìle sluaigh cuid a ghabhail 'sa cho-fharpais so. Feumaidh dara leth de bhuill nan Coisirean a bhi comasach air Gaidhlig a labhairt. Duaisean—(1) £10, agus bliadhna de "Sgiath-Lathurna," a thugadh le Còirneal Iain Caimbeul (na h-Airdean) agus a chéile; (2) £7; (3) £6; (4) £5; (5) £3.

58. SEINN AN CO-SHEIRM nan òran "Eilean Leodhais" agus "Eilean mo Ghaoil." A mhàin airson Choisirean Duthchail. Cha cheadaichear do bhaile as cionn 2,000 sluaigh cuid a ghabhail 's acho-fharpais so. Duaisean—(1) £10 agus bliadhna de Chuach Chuimhneachan an t-Siorraim Mhic M. Chaimbeul"; (2) £7; (3) £6; (4) £5; (5) £3.

59. SEINN AN CO-SHEIRM na Puirt-á-beul "Na maragan aig Ruairidh" agus "Am Muileann Dubh" le Seumus Mac-an-t-Sagairt (Leabhran a' Mhòid). Ri bhi air an seinn an rian dannsaidh. Duaisean—(1) Bliadhna de Chupan Coisir GhaidhligGhrianaig agus £3; (2) £2.

60. MITH ORAIN GHAIDHLIG. An neach as fheàrr a sheinneas fuinn dà Mhith-oran Ghàidhlig *nach robh roimhe an clò.* Faodaidh na facail a bhi an clò. Feumaidh leth-bhreac nam facal agus an fhuinn a chur a dh'ionnsuidh an Runaire aig am cur a steach nan ainmean. Ri bhi air an seinn 's an t-seann nòs. Cha cheadaichear cuideachadh 'piano' anns a' cho-fharpais so. Duaisean—(1) £2 10s. agus bliadhna de "Chlàr Scotia"; (2) £1 10s.; (3) £1.

## IV.—INSTRUMENTAL MUSIC.

61. PLAYING of a Highland March, Strathspey and Reel, on the PIANOFORTE. Seniors. Competitors to submit the names of three Marches, three Strathspeys and three Reels, from which the Judges will make a choice. The March (bagpipe setting) will be played twice, and the Strathspey and Reel twice each, or otherwise as the Judges may direct. The playing of the Strathspeys and Reels is to be preceded by the March. Prizes—1st, £2 and retention for one year of "The Aberdeenshire Targe" presented by the Aberdeen and District Pipers' Society; 2nd, £1; 3rd, 10s. This competition is confined strictly to amateurs.

62. PLAYING of a slow Gaelic Air and March (bagpipe setting) on the Pianoforte. Confined to Juniors. Prizes—1st, £1; 2nd, 3rd, Books.

63. PLAYING of Highland March, Strathspey and Reel on the VIOLIN Competitors to submit the names of three Marches, three Strathspeys and three Reels, from which the Judges will make a choice. The March, Strathspey and Reel to be played twice each, or otherwise as the Judges may direct. Confined to amateurs. Prizes—1st, £2; 2nd, £1; 3rd, 10s.

64 PLAYING of Strathspey and Reel on the VIOLIN. All Candidates shall be natives of Glenmoriston, Glenurquhart and Stratherrick Districts, and failing such candidates the competition shall be open to natives of the County of Inverness, excluding burghs of 2000 or more. "The Mrs. Quintin MacLennan Prizes"—1st, £3; 2nd, £2.

## V.—MUSICAL COMPILATION.

65. COMPILATION of unpublished GAELIC VOCAL MUSIC. The sources from which the melodies are got must be clearly stated, otherwise competitors will be disqualified. The names, and as many verses as possible, of the songs to which the airs are sung should be given along with the music. The music may be written in sol-fa or staff notation. Melodies composed within the last thirty years are excluded. Prizes—1st, £2; 2nd. £1. Competitors are requested to collect genuine *unpublished* Highland Airs, not modern compositions.

## Vocal (Special Competitions).

66. For the BEST RENDERING OF TWO SONGS from Mrs. Kennedy Fraser's "Songs of the Hebrides." Male and Female voices. Competitors must sing the two following songs:—(1) "The Harper" and "Skye Water Kelpie's Lullaby." Both songs published separately. Prizes—1st, "Songs of the Hebrides," vol. III; 2nd, "Songs of the Hebrides," vol. III. (paper cover). In memory of the late Mrs. Kennedy Fraser.

## IV.—CEOL-INNEALAN.

61. CLUICH PUIRT-MHEARSAIDH GHAIDHEALAICH, SRATH SPEIDHEAN AGUS RUIDHLEACHAN air a' PHIANO. Inbhich. Cuiridh an luchd-farpais a steach ainmeannan thrì puirt-mearsaidh (rian pioba) thrì Srath Spéidhean agus thrì Ruidhleachan, ás an gabh na breitheamhnan an roghainn. Théid am Port-mèarsaidh a chluich thairis dà uair, agus an fheadhainn eile dà uair, no mar a chì na breitheamhnan iomchuidh Feumaidh am Port-mèarsaidh tighinn air thoiseach air na Srath Speidhean agus na Ruidhleachan. Duaisean—(1) £2 agus bliadhna de "Sgiath Siorramachd Obair-dheathain" bho Chomunn Phíobairean Obair-dheathain agus a' Choimhearsnachd; (2) £1; (3) 10s. Tha a' cho-fharpais so air son fhòghlumach a mhàin. Rian pìoba a mhain.

62. CLUICH FUINN MHAILL GHAIDHLIG agus ceòl Mèarsaidh (rian pìoba) air a' Phiano, Oigridh. Duaisean—(1) £1; (2), (3), Leabhraichean.

63. CLUICH PUIRT MHEARSAIDH, SRATH SPEIDH agus RUIDHLE air an FHIDHILL. Cuiridh an luchd-farpais a steach ainmeannan thrì PhuirtMearsaidh, thrì Srath Spéidhean, agus thrì Ruidhleachan, ás an dean na breitheamhnan an roghainn. Cluichear am Port Mearsaidh, an Srath Spéidh agus an Ruidhle dà uair an t-aon, no mar a dh' òrduicheas na Breitheamhnan. A mhàin air son fhoghlumach. Duaisean—(1) £2 : (2) £1 ; (3) 10s.

64. CLUICH SRATH SPEIDH agus RUIDHLE air an FHIDHILL. A mhàin air son cho-fharpaiseach a tha 'mhuinntir Ghlinn Moireasdain, Ghlinn Urchardainn agus Shratharragaig. Mur tig co-fharpaisich air an aghaidh ás na sgìrean sonraichte so bithidh a' cho-fharpais fosgailte do mhuinntir naistinneich Siorramachd Inbhirnis, taobh a muigh de bhailtean anns am bheil 2000 sluaigh no barrachd. Duaisean.—"The Mrs. Quintin MacLennan Prizes"—(1) £3; (2) £2.

## V.—DEILBH IS TIONAIL FHONN.

65. CO-CHRUINNEACHADH de FHUINN ORAN GAIDHLIG nach robh roimhe an clò. Feumar innseadh cia ás a thainig na fuinn, neo is dòcha nach gabhar riù. Bu chòir ainmeannan agus àireamh rann de fhacail nan òran a chur an cois nam fonn. Faodar na fuinn a sgriobhadh anns an dòigh ùir no 'san t-seann dòigh. Cha ghabhar fuinn a chaidh a dheanamh an taobh stigh de dheich bliadhna-fichead air ais. Duaisean—(1) £2; (2) £1.

Tha e air iarraidh gu'n tionail an luchd-farpais fior fhuinn Ghàidhealach *nach 'eil an clò*, agus gu'n seachainn iad fuinn an là an diugh.

## Guth Cheol (Co-fharpaisean Sonraichte).

66. SEINN DA ORAN bho "Songs of the Hebrides" leis a' Mhnaoi Uasail C. Friseal. Boirionnaich agus Firionnaich. Seinnidh an luchd-farpais an dà òran a leanas, (1) "An Clarsair" agus "Oran an Eich Uisge" Tha an dà òran air an clò-bhualadh air leth. Duaisean—(1) An leabhar, "Songs of the Hebrides," III. (2) An leabhar, "Songs of the Hebrides" III. (Còmhdach paipeir). Cuimhneachan air a' Mhnaoi Uasail C. Friseal, nach maireann.

67. SOLO SINGING of a Song. To encourage the revival of the older or less known district songs. Competitors to send copies of words and music of two songs to the Secretary at time of entering. The judges may call upon competitors to sing either song. Prizes—1st, £2 5s; two 2nd prizes of 15s each; and three 3rd prizes of 10s each. Prizes presented by Mrs. Ryan, Roy-Bridge.

68 SOLO SINGING of a song, confined to candidates who are natives of Glenmoriston, Glenurquhart and Stratherrick districts, and failing such candidates the competition shall be open to natives of the County of Inverness, excluding burghs of 2000 or more. "The Mrs. Quintin M'Lennan Prizes"—1st, £3; 2nd, £2.

69. SOLO SINGING of an unpublished song, the words of which refer to persons belonging to Mull or Iona, or places in either of these Islands. Copy of Words and Music must be sent to the Secretary at time of entering. Prizes—1st, £2; 2nd, £1; presented by the Glasgow Mull and Iona Association.

70. SOLO SINGING of the prescribed Uist and Barra Song, "Nionag Bhoidheach Uidhisteach" to be followed by the singing of two unpublished Puirt-a-Beul (Strathspey and Reel). Tunes and words to be submitted at time of entering. Prizes—1st, Celtic Brooch or Sgian Dubh and £1; 2nd, £2; presented by the Uist and Barra Association.

## Clarsach Competitions.

71. SOLO SINGING with the CLARSACH. Former winners of the trophy excluded. The prescribed piece is "Or a Bhonnagan" by M. Kennedy Fraser, published by Paterson's in "From the Hebrides" and also separately; and a song of the competitor's own choice. Prizes—1st, Silver Keepsake Brooch of special design and retention for one year of "The Hilda Mary Campbell Clarsach"; 2nd, £1; presented by Mrs. Iain Campbell (Airds).

72. PLAYING of two Gaelic Airs on the CLARSACH (Instrumental Solos)—including former prize winners. Prizes—1st, £1 10s.; 2nd, 15s.; presented by the Edinburgh Branch of Comunn na Clàrsaich (The Clarsach Society).

73. For the ACCOMPANYING of a singer with the CLARSACH. The prescribed pieces are (1) "A Mhàiri Bhoidheach" (An Erisky version), (2) "Dh'eirich mi moch maduinn Cheiten," both from M. Kennedy-Fraser's "More Songs of the Hebrides," published by Boosey. An Comunn Gaidhealach will provide the Singer. Prizes—1st, £2, presented by The Royal Celtic Society; 2nd, £1, presented by Mrs Duncan MacLeod of Skeabost.

74. SPECIAL COMPETITION FOR BEGINNERS. Open to those who have played for not more than two years. Playing of two Gaelic airs on the CLARSACH. Prizes—1st, £1; 2nd, 10/-, presented by Mrs Duncan MacLeod of Skeabost.

67. SEINN ORAIN. A bhrosnuchadh ath-bheothachaidh nan seann òran dùthchail nach 'eil cho aithnichte. Cuiridh co-fharpaisich facail agus fuinn dà orain a dh' ionnsuidh an Rùnaire aig àm cur a steach an ainmeannan. Faodaidh na breitheamhnan iarraidh aon air bith de na h-òrain a sheinn Duaisean (1) £2 5s; Dà dhara duais 15s an urra, agus tri de threas duaisean 10s an urra. Air an tairgse leis a' Mhnaoi Uasail Ryan, an Drochaid Ruaidh.

68. SEINN ORAIN.—A mhàin air son cho-fharpaiseach a tha mhuinntir Ghlinn Moireasdain, Ghlinn Urchardainn agus Shratharragaig. Mur tig co fharpaisich air an aghaidh as na sgìrean sonraichte so bithidh a' cho fharpais fosgailte do mhuinntir naistinneich Siorramachd Inbhirnis, taobh a muigh de bhailtean anns am bheil 2000 sluaigh no barrachd. "The Mrs. Quintin MacLennan Prizes"—(1) £3; (2) £2.

69. SEINN ORAIN nach robh roimhe an clò, agus a tha a' deanamh iomraidh air neach a bhuineas do Mhuile no I, neo òran mu àitean an aon air bith de na h-eileanan sin. Feumaidh leth bhreac nam facal agus an fhuinn a chur a dh' ionnsuidh an Rùnaire aig àm cur a steach nan ainmean. Duaisean—(1) £2; (2) £1; air an tairgse le Comunn Mhuile is Ithe an Glaschu.

70. SEINN an orain Uidhistich is Bharraich "Nionag Bhòidheach Uidhisteach" agus an deidh sin dà Phort-a Beul nach robh roimhe an clò a sheinn (Srathspeidh agus Ruidhle). Feumar lethbhreac nam fonn is nam facal a chur a dh'ionnsuidh an Rùnaire aig ám cur a steach nan ainmean. Duaisean—(1) Bràiste Gàidhealach no Sgian Dubh agus £1; (2) £2; air an tairgse le Comunn Uidhist agus Bharraidh.

## Co-fharpaisean Clarsaich.

71. SEINN le co chluich CLARSAICH (Cha cheadaicher dhoibhsan a choisinn a' 'Chlàrsach" mar tha seinn air a son a rithis) Is e an t òran "Or a bhonnagan," air ullachadh le M. C. Friseal, a chaidh a roghnachadh, agus a bhàrr air sin seinnidh an co-fharpaiseach òran de roghainn fein. Duaisean—(1) £2, agus bliadhna de "Chlàrsach Hilda Mairi Chaimbeul"; agus tabhartas de bhràiste cuimhneachan airgid de thionnsgnadh àraidh; (2) £1; air an tairgse leis a' Mhnaoi Uasail Chaimbeul (na h-Airdean).

72. CLUICH dà fhuinn Ghàidhlig air a' CHLARSAICH (ceòl-inneil). Tha e ceadaichte dhoibhsan a choisinn duaisean cluich. Duaisean—(1) £1 10s; (2) 15s; air an tairgse le Comunn an Clàrsaich (Meur Dhùn-eideann).

73. Airson COMH-SHEIRM CLARSAICH an cuideachd seinneadair. Is iad na h-òrain a thaghadh, (1) "A Mhairi Bhoidheach" air seol Eirisge); (2) Dh'eirich mi moch maduinn Cheitein, na dha' san leabhar "More Songs of the Hebrides" clo-bhuailte le Boosey.. Bidh seinneadar aig laimh bho'n Chomunn. Duaisean—(1) £2; air a tairgse leis a' Chomunn Cheilteach Riòghail; (2) £1, air a tairgse leis a' MhnaoiUasail NicLeoid, Sgeuboist.

74. CO-FHARPAIS SONRAICHTE airson luchd-toiseachaidh. Dhoibhsan a mhain nach do thòisich air cluich ach dà bhliadhna air ais Cluich dà fhuinn Ghàidhlig air a' Chlàrsaich. Duaisean—(1)£1; (2) 10/-; air an tairgse leis a' Mhnaoi Uasail NicLeoid, Sgeuboist.

# ART AND INDUSTRY COMMITTEE

## Celtic Art Competitions.

SECTION **A**.—DESIGN.

1.—Design for Sporran Top. Design to be evolved by the competitor. Prizes—£1. 10s.

2.—Complete alphabet of Celtic lettering in capitals and lower case. Height of lettering to be—Capitals, 2 inches; Lower case, 1 inch. Prize—£2 presented by the Glasgow Celtic Society.

SECTION **B**.—HANDICRAFT.

1.—Leather Hand-bag of Celtic Design. Design and size of competitor's choice. Prizes—1st, £1; 2nd, 15s.; 3rd, 10s.

2.—Tea Caddy of Celtic Design in pewter. Prizes—1st, £1; 2nd, 15s.; 3rd, 10s.

SECTION **C**—NEEDLEWORK.

1.—Embroidery in Celtic Design. Article and design of competitor's choice. Prizes—1st, £1; 2nd, 15s.; 3rd, 10s.

SECTION **D**.—

Best article, of Celtic Design, for personal use made by a member of Comunn na h-Oigridh. Age group, 12 to 16 years. Prizes—Books to the value of 1st 10/-; 2nd 7/6; 3rd 5/-. Age group, children under 12 years, books to the value of 1st, 7/6; 2nd, 5/-; 3rd, 3/-.

NOTE.—Designs and Articles must reach the Secretary, 131 West Regent Street, Glasgow, C.2, not later than 17th August, 1940.

[Entry with fee and pen-name should reach the Secretary by 20th July, 1940.]

All work should be delivered in packages containing sealed envelope bearing pen-name on the outside, and the name and address of competitor within. In cases of several entries by one person, a separate pen-name for each entry must be used.

In the event of any of the work submitted not reaching, in the opinion of the adjudicators, a sufficiently high standard, the prizes may not be awarded.

Entry fees as applicable to other Senior Sections.

# COMHAIRLE GHNIOMHACHAIS IS NAN EALDHAIN.

## Farpaisean Ealdhan Ceilteach.

EARRANN **A**. TIONNSGNADH.

1.—Tionnsgnadh airson Ceann Sporain. Feumaidh an tionnsgnadh a bhi air a dhealbhachadh leis a' cho-fharpaiseach fhéin. Duais—£1/10/-.

2.—An Aibideal Cheilteach gu h-iomlan de litrichean móra is litrichean beaga. Airde nan litrichean.—Litrichean móra, dà òirleach; litrichean beaga, aon òirleach. Duais—£2 air a thabhairt le Comunn Ceilteach Ghlaschu.

EARRANN **B**.—LAMH-EALDHAN.

1.—Balg-laimhe an tionnsgnadh Ceilteach. Tionnsgnadh agus meudachd a réir roghainn a' cho-fharpaisich. Duaisean—(1) £1; (2) 15/-; (3) 10/-.

2.—Soitheach *Tea* de thionnsgnadh Ceilteach am feòdar. Duaisean—(1) £1; (2) 15/-; (3) 10/-.

EARRANN **C**—OBAIR-GHREIS.

1.—Obair-ghreis an tionnsgnadh Ceilteach. Ball-sampuill agus tionnsgnadh a réir roghainn a cho-fharpaisich. Duaisean—(1) £1; (2) 15/-; (3) 10/-.

EARREANN **D**.

An obair as feàrr, an Tionnsgnadh Ceilteach, airson feum pearsanta air a deanamh le ball de Chomunn na h-Oigridh. Duaisean—Aoisean, dusan gu se bliadhna deug, leabhraichean aig luach (1) 10/-; (2) 7/6; (3) 5/-. Clann fo dhusan bliadhna dh'aois, leabhraichean aig luach (1) 7/6; (2) 5/-; (3) 3/-.

Feumaidh gach tionnsgnadh agus obair-ghréis a bhi an làmhan an Rùnaire, 131 Sràid Iar Regent, Glaschu, C.2, air an 17mh là de'n Lunasdail, 1940.

[Feumaidh ainm a' cho-fharpaisich le cìs a bhi an làmhan an Runaire air an 20mh là de'n Iuchair, 1940].

Feumaidh gach oidheirp a bhi air a ceangal suas gu cùramach, le ainm-falaich a' cho-fharpaisich sgrìobhte air an taobh a muigh. Còmhla ri so bidh cuairsgean seulaichte, air am bi an t-ainm-falaich sgrìobhte, agus an taobh a stigh a' chuairsgein bidh fìor ainm a' cho-fharpaisich. Far am bi barrachd air aon oidheirp aig co-fharpaiseach, feumaidh e ainm-falaich air leth airson gach oidheirp

Mur bi an obair, am beachd nam Breitheamhnan, coimhlionta gu leòr cha toirear duais seachad.

Tha an dìoladh mar an Earrann nan Inbheach.

6/

# RULES AND CONDITIONS.

## Literary, Oral, Vocal, and Instrumental Competitions.

ENTRIES. Competitors in all sections of the Syllabus must enter their names with the Secretary, on the Special Form provided, not later than the 13th day of July, 1946. Late entries and entries unaccompanied by Fees—when payable—will on no account be accepted *No competitor whose name does not appear in the printed Programme will be allowed to compete.*

The Executive Council reserves the right to accept or reject any entry without assigning any reason.

The order in which Competitors shall appear before the Judges will be decided by ballot previous to the printing of the Mòd Programme, and any Competitor failing to appear when called may be disqualified.

All Musical Compositions and all Literary Work must be sent to the Secretary, not later than 13th July, 1946.

Competitors may enter for more than one competition.

No fees are payable under the Junior Section of the Syllabus.

No Competitor can win the same Medal or Badge a second time.

The Fees payable under the Senior Section of the Syllabus are as follows:—Individual competitors, 2s 6d for one entry, and 1s for each additional entry; Duettists, 2s 6d for each individual not entered for another competition, and 1s for those so entered; Mixed Choirs, 5s; Ladies' Choirs, 2s 6d; Men's Choirs, 2s 6d; Quartette, 2s 6d.

AGE LIMIT. Competitors under the Junior Oral, Vocal and Instrumental Sections of the Syllabus must be under sixteen years of age at the date of the Mòd except Competition 31. Such Juniors are excluded from all Senior Competitions, excepting those under the heading "Literature" and "Instrumental music." (Violin and Clarsach Sections).

**LANGUAGE. Senior Section. All written, spoken, and sung matter must be in the Gaelic Language, and Competitors using translations from the English, or any other language, in the Literary and Musical Competitions will be disqualified.**

MUSIC. Competitors singing or playing airs which are not of recognised Gaelic origin will be disqualified. Competitors who may be in doubt as to the eligibility of certain songs or airs, may have their doubts resolved by timely application to the General Secretary.

# RIAGHAILTEAN AGUS CUMHNANTAN

## Co-Fharpaisean Litreachais, Aithris, Seinn agus Cluich Inneal.

GABHAIL ANNS NA CO-FHARPAISEAN. Feumaidh na co-fharpaisich anns gach earrainn de 'n chlàr-iomairt an ainmeannan a chur a dh' ionnsuidh an Rùnaire air an Duilleig shonraichte, roimh 'n 13mh là de mhìos Iuchar, 1946. Cha ghabhar ri ainmeannan a chuirear a steach an déidh an là sin, no—far am bi dìoladh ri phàidheadh—mur bi an t-airgiod 'nan cois. *Cha cheadaichear do luchd-farpais aig nach 'eil an ainmeannan air a' Chlàr-iomairt chlò-bhuailte, dol air an adhart.*

Tha an Ard Chomhairle a' tasgadh na còrach ainmeannan a ghabhail no a dhiùltadh gun aobhar a shonrachadh.

Théid an t-òrdugh anns an tig an luchd-farpais an làthair nam Breitheamhnan a shocrachadh le tilgeadh chrann mu'n clò-bhuailear Clàr-iomart a' Mhòid. Faodar co-fharpaiseach sam bith nach bi a làthair an uair a ghairmear air aig a' Mhòd a dhiùltadh.

Feumaidh gach ceòl sgrìobhte, agus gach obair Litreachais, a bhi an làmhan an Rùnaire roimh 'n 13mh là de mhìos Iuchar, 1946.

Faodaidh Luchd-farpais cuid a ghabhail ann an tuilleadh is aon cho-fharpais.

Chan 'eil ni aig an Oigridh ri dhìoladh an ám cur a steach an ainmeannan fo earrainn nan òigridh.

Chan urrainn co-fharpaiseach an aon Bhonn a bhuidhinn an dara uair.

Dìolaidh muinntir a tha os cionn sè-bliadhna-deug mar a leanas:—Aon cho-fharpaiseach, 2s 6d air son aon chothroim, agus 1s air son gach cothroim ás a dhéidh sin; Càraidean, 2s 6d air son gach neach nach 'eil 'san leabhar air son co-fharpais eile, agus 1s airson muinntir a tha cheana 'san leabhar; Còisirean fhear is bhan 5s; Còisirean bhan 2s 6d; Còisirean fhear, 2s 6d; Còisir Ceathrair, 2s 6d.

AOISEAN. Feumaidh co-fharpaisich ann am beul-aithris, an Guth-cheòl 's an cluich innealan-ciùil ann an Earrann na h Oigridh de 'n chlàr-iomairt a bhi fo shè-bliadhna deug a dh' aois aig ám a' Mhòid, ach a mhàin ann an Co-fharpais 31. Chan 'eil an òigridh so ri cuid a ghabhail ann an co-fharpaisean na muinntir a tha os cionn sè-bliadhna deug, ach a mhàin gu'm faod iad pàirt a ghabhail anns na co-fharpaisean "Litreachais" agus Ceòl-fidhle is Clàrsaich ann an ceòl-innealan.

CANAIN. Feumaidh gach nì a sgrìobhar, a labhrar, agus a sheinnear, le inbhich a bhi ann an Gàidhlig. Cuirear bacadh air co-fharpaisich inbheach air bith a chleachdas eadar-theangachadh o'n Bheurla no o chainnt air bith eile, ann an co-fharpaisean Litreachais agus Ciùil.

CEOL. Cuirear bacadh air co-fharpaisich a sheinneas no a chluicheas fuinn nach 'eil de fhìor ghnè Ghàidhealaich. Ma bhios co-fharpaisich an teagamh mu fhreagarrachd òran no fhonn, socraichear a' chùis ma chuireas iad fios ann an ám gu Rùnaire a' Chomuinn.

WRITTEN WORK.

Junior Section: Papers will be written and returned in accordance with instructions sent to supervisors.

Senior Section: Competitors will write on one side of foolscap paper, and each sheet must bear competitor's *pen-name* at the top. The whole must be addressed to the General Secretary in a large envelope, in which should also be enclosed a small sealed envelope containing competitor's name, pen-name and address. The cover of the small envelope should show competitor's pen-name and the reference number of the competition.

PROOF OF THE GENUINENESS OF THE WORK. Competitors shall, if required, produce proof of the genuineness of their work—that in Literature and Music the papers are the original productions of those whose names are attached thereto.

Compilations of Melodies previously published will be rejected.

All work done in schools or in connection with classes held in other places, must be attested by the signature of the Local Examiner, besides that of the Schoolmaster or Teacher; which signatures must be affixed to each document sent in.

Unattested school or class papers will be rejected.

PROPERTY IN THE WORK. All works for which prizes are given shall become the property of An Comunn. Sections B.C D. of Celtic Art Competitions excepted.

FOLK SONGS AND DISTRICT SONGS COMPETITIONS The songs submitted by successful competitors shall, if certain conditions are complied with, become the property of An Comunn. Competitors intending to sing songs by living authors, must obtain the author's permission in writing before competing, otherwise they will be held responsible for any infringement of copyright.

NOTICES TO VOCALISTS. Competitors in the Senior Section shall be prepared to sing two songs. They shall first sing one of these and, if called upon by the Adjudicators, they must sing the second song of their choice.

**When Competitors have the option of choosing their own songs they must supply a copy, with an English synopsis, for use of the adjudicator.**

## JUNIOR CHORAL SONGS.

Junior Choirs must sing the two harmonised songs prescribed.

### UNISON SINGING.

Choirs must sing all the songs prescribed in this competition.

The order in which Junior Choirs shall sing at the Competitions will be decided by ballot previous to the printing of the Mòd Programme.

RESTRICTIONS. Junior Choirs must consist of at least 8 and not more than 24 voices. No Competitor is allowed to sing in more than *one* Junior Choir.

Junior Solo Singers are limited to 12 lines, or 16 lines when there a chorus.

OBAIR SGRIOBHTA.

Earrann na h-Oigridh : Theid paipearan a sgriobhadh is a thilleadh a réir mar a thugadh seòladh do 'n luchd-coimhid.

Earrann nan Inbheach : Sgrìobhaidh luchd-farpais air aon taobh de phaipear *foolscap*, agus feumaidh ainm-falaich a' cho-fharpaisich a bhi air mullach gach site. Theid an t-iomlan a chur a dh' ionnsaigh an Ard Rùnaire ann an cuairsgean mór anns am bi mar an ceudna cuairsgean beag, seulaichte, le ainm a' cho-fharpaisich, ainm-falaich agus àite comhnuidh. Feumaidh ainm falaich, a' cho fharpaisich agus àireamh na co-fharpais a bhi air a' chuairsgean bheag.

IONRACAS NA H-OIBRE. Ma theid gairm orra gu sin a dhèanamh, feumaidh na Co-fharpaisich dearbhadh a thoirt air ionracas an cuid oibre, is e sin gu'n do dhealbhadh na pàipeirean litreachais agus ciùil leò-san a tha 'g an cur a steach.

Cha ghabhar co-chruinneachaidhean Fhonn a bha roimhe an clò.

Feumaidh gach obair a theid a dheanamh ann an sgoilean no an co-cheangal ri buidhnean fhòghlumach an àiteachan eile, a bhi air a dearbhadh le ainm an Fhir-cheasnachaidh a bha làthair, cho maith ri ainm a' Mhaigh-stir-sgoile no an Fhir-theagaisg; agus feumaidh na h-ainmeannan sin a bhi ris gach pàipeir a chuirear air adhart.

Cha ghabhar pàipeirean sgoilean, no chòmhlan fhoghlumach, nach bi mar so air an dearbhadh.

SEILBH ANNS AN OBAIR. Buinidh obair sam bith a bhuidh-inneas duais do 'n Chomunn, ach a mhain buidhnean B.C.D. de'n Earrann Cheilteach.

MITH-ORAIN AGUS ORAIN DHUTHCHAIL. Buinidh na h-orain leisam buannaich co-fharpaisich duaisean do'n Chomunn, ma bhios cumhnantan sonraichte air an coimhlionadh. Ma tha am beachd cho-fharpaiseach oran le bàrd a tha maireann a sheinn feumaidh iad cead a' bhàird fhaotainn an sgriobhadh mu'n seinn iad 'sa cho-fharpais. Mur dean iad sin bidh an t-uallach orra mu chòir dligheach a' bhaird air obair fhéin.

SANASAN DO LUCHD-SEINN. Feumaidh na co-fharpaisich, a dh' fheuchas an Earrainn nan Inbheach an Seinn Orain Aon-neach, a bhi deiseil le dà òran. Seinnidh iad aon dhiubh so agus faodaidh na breitheamhnan iarraidh orra an dara òran a sheinn.

An uair tha roghainn òran aig na co-fharpaisich feumaidh iad a leth-bhreac, le gearr-mhineachadh am Beurla, a thoirt do'n Bhreitheamh.

## ORAIN CHOISIREAN OIGRIDH.

Feumaidh Còisirean Oigridh an dà òran a chaidh a shonrachadh air son na co-fharpais so a sheinn.

### SEINN AON-GHUTHACH.

Feumaidh Còisirean Oigridh na h-òrain uile a chaidh a shonrachadh anns a cho-fharpais so a sheinn. Theid an t-òrdugh anns an seinn Còisirean Oigridh a shocrachadh le crainn a thilgeadh mu'n clò-bhuailear Clar-iomairt a' Mhòid.

CUMHACHAN. Chan fhaod na 's lugha na 8, no os cionn 24 pearsa a bhi ann an Còisir Oigridh. Chan fhaod Co-fharpaiseach 'sam bith seinn ann an tuilleadh agus aon Chòisir Oigridh.

Cha sheinn Co-fharpaisich (Oigridh) Aon-ghuth os cionn 12 sreath, no 16 sreath far am bheil séist ris an òran.

# SENIOR CHORAL SONGS.

Prescribed pieces must be sung in the key in which they are set.

The order in which Senior Choirs shall sing at the Competition will be decided by ballot previous to the printing of the Mòd Programme.

Ladies' Choirs and Male Voice Choirs must consist of at least ten voices, and not more than twenty-six voices.

Senior Mixed Choirs must consist of at least 16 and not more than 26 voices. Choirs entering for the "Lovat and Tullibardine Shield," and "Lorn Shield" must consist to the extent of at least 50 per cent. of Gaelic speakers. Conductors are not allowed to sing with their Choirs.

Choirs are recommended to practise the rallying song of An Comunn Gàidhealach, "Suas leis a' Ghàidhlig" (Smieton's setting), for the evening concert. Copies of the music may be had from the Secretary. All choirs must use this arrangement of the song, and verses 1, 2, and 5 should be carefully practised; also the Gaelic version of the National Anthem (Mrs. K. W. Grant's Version). Both songs are in "Còisir a' Mhòid I." Choirs must be prepared to sing the "Invocation" in connection with the crowning of the Bard.

Note.—"Còisir a' Mhòid," 1/6; "Orain a' Mhoid," 1/- each, postage extra, will be supplied by Messrs Maclaren & Son, publishers, Glasgow, or by the Secretary. The price must be sent with order.

RECITAL OF "FRENCH."—Choirs are requested to practise the tune "French" (two verses), in view of its recital at the Mod Grand Concert. In the event of a tie in the Senior Competition No. 55, choirs may be asked to sing this tune.

DUETS. Competitors are cautioned to use duets in which the second part has been well arranged by a competent musician. No competitor will be allowed to sing in more than one duet.

PIANOFORTE ACCOMPANIMENT. Pianoforte accompaniment will be allowed to soloists and duettists only. *Competitors are strongly recommended to avail themselves of the services of the Official Accompanist.* **No accompaniment allowed in the Medal Series.** Competitors desiring an accompaniment must provide a copy of the music of their song, written in the *staff notation.* Accompaniment is optional, and may be dispensed with without disadvantage to the competitor.

The music should be on a key to suit the voice. The accompanist cannot undertake to transpose at sight.

Senior Solo Singers are limited to 28 lines.

Competitors entered for more than one of the singing competitions must sing a different song in each competition.

# ORAIN CHOISIREAN INBHEACH.

Feumaidh na h-òrain a bhi air an seinn anns a' phong sgrìobhte.

Theid an t-òrdugh anns an seinn Còisirean Inbheach anns a' Cho-fhairpais a shuidheachadh le crainn a thilgeadh mu'n téid Clàr-iomairt a Mhòid a chlò-bhualadh.

Orain Choisirean Bhoirionnach agus Fhirionnach.—Feumaidh, air a chuid as lugha, deichnear a bhi 's na Còisirean so agus gun os cionn sè-ar-fhichead.

Cha bhi na's lugha na 16 no os cionn 26 pearsa an Còisir Ioma-Ghuthaich Inbhich. Feumaidh dara leth de bhuill Chòisirean an co-fharpaisean 55 agus 57 a bhi comasach air Gaidhlig a labhairt. Cha'n fhaod fir-iùil Chòisirean seinn còmhla ri 'n Còisirean.

Tha e air a mholadh gu'n ionnsaicheadh na Còisirean òran-brosnachaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich, " Suas leis a' Ghàidhlig " (an suidheachadh aig Smieton) air son na coinneimh-chiùil anns an fheasgar. Gheibhear ceòl an òrain o 'n Rùnaire. Feumaidh na Còisirean gu léir an t-òran a sheinn a réir an t-suidheachaidh aig Smieton, agus bu chòir gu'm biodh na rainn 1 agus 2, agus 5 air an ionnsachadh gu cùramach; agus mar an ceudna " Laoidh na Rìoghachd " (Eadar-theangachadh gu Gàidhlig le C. W. Grannd). Tha an dà òran so ann an " Còisir a Mhòid I." Feumaidh na Còisirean an " Athchuinge " a sheinn an ám crùnadh a' Bhàird.

Sanas —Gheibhear " Còisir a' Mhòid, 1/6; " Orain a' Mhòid, 1/-, postachd a bharrachd; bho A. MacLabhrainn, Glaschu, no o'n Rùnaire. Feumar an t-airgiod a chur leis gach òrdugh.

AM FONN " FRENCH." Tha na còisirean air an earalachadh gu 'n ionnsaich iad gu cùramach am fonn (dà rainn) le sùil ri e bhi air a sheinn aig a' Chuirm Chiùil Mhóir. Ma thachras gu'm bi co-ionannachd eadar Còisirean Inbheach ann an co-fharpais 55 faodar gairm air na Còisirean am fonn so a sheinn.

Oran Caraid.—Tha co-fharpaisich air an earalachadh iad a sheinn fhonn leis an dara earrann air ullachadh le fear-ciùil coimhlionta. Chan fhaod co-fharpaiseach seinn ann am barrachd air aon cheòl dithis.

CO-CHEOL INNEIL. Ceadaichear co-cheòl a' " phiano " a mhàin do luchd-seinn ceòl-aon-neach no ceòl càraid. *Tha e gu sònraichte air a sparradh air Co-fharpaisich gu 'n gabh iad am fear-inneil a theid a shuidheachadh le luchd-riaghlaidh a' Chomuinn.* Cha cheadaichear ceòl-inneil an co-fharpaisean nam Bonn Suaicheantais. Feumaidh luchd-seinn a tha a' cur feum a air ceòl-inneil, an t-òran a tha iad a' dol a sheinn a thoirt do'n fhear-inneil, air a sgrìobhadh anns an *t-seann dòigh.* Tha leasachadh inneil-chiùil roghainneach, agus faodar deanamh as eugais gun dochair do'n cho-fharpaiseach.

Feumaidh an ceòl a bhi air a sgrìobhadh air pong-stéidh a fhreagras do'n ghuth. Cha ghabh am fear-cluiche os làimh atharrachadh aig a' cheud sealladh.

Cha sheinn Co-fharpaisich (Inbheach) ann an òran aon-neach os cionn 28 sreath.

Feumaidh Co-fharpaisich a tha a' dol a sheinn ann an tuilleadh agus aon chòmh-stri, òran eadar-dhealaichte a sheinn anns gach co-fharpais fa leth.

EXCLUSION FROM THE COMPETITIONS. Unless otherwise stated, competitors who have taken a first prize for two years in succession in any competition shall be excluded from competing in the same competition in the third year; but they may compete in the year immediately following their exclusion. This rule does not apply to choirs, quartettes or duet combinations, and does not apply in the case of ties for a first place.

Gold medallists are excluded from the solo singing competitions Nos. 51 and 52.

Junior winners of Mod Silver Medals are not allowed to compete for these a second time.

No person whose principal vocation is professional singing will be allowed to take part in any of the singing competitions.

ADJUDICATORS AND THEIR POWERS. The decisions of the adjudicators shall, in every case, be brought out by numerical markings, the ratios of which will be determined previous to the Mòd by the Committee The adjudicators' decision shall be final.

The Adjudicators have power to divide, reduce, or withhold prizes where merit is insufficient. They are directed to give no second or third prizes in competitions for which less than five competitors have entered, unless in cases of exceptional merit.

The Adjudicators may at any time call upon a competitor to cease reading, reciting, narrating, or singing.

No reading or recitation shall exceed 10 minutes in delivery.

No narration or sgeulachd shall exceed 20 minutes.

In all competitions no prize will be given unless two or more compete.

PROTESTS. Protests against the eligibility of competitors must be made to the General Secretary before the judgments are announced; or, where possible, before the competition has been entered upon, and must be in writing, and must contain a clear statement of the condition infringed and the alleged disqualification. Each protest must be accompanied with a deposit of 2s 6d. which will be returned if the protest is sustained. The deposit will be forfeited if, on due inquiry, it is found that there has been no infringement of the conditions of this Syllabus. Protests can only be entered by those interested as competitors in the particular competition in connection with which the protest is raised It shall be competent for the Secretary in consultation with such members of Committee as may be available to deal at any stage with any alleged breach of the conditions governing Mod competitions.

CONCERT—Competitors under the Musical Sections will be expected to give their services at the Rural Choir Concert on Thursday and the Grand Concert on Friday evening.

MARKS.—Competitors cannot be supplied with an extract of their marks until one month after the Mòd. No competitor is entitled to be informed of the marks of any other competitor. All applications for information should be accompanied by a fee of one shilling.

Any Competitor found to be knowingly transgressing any of the conditions for competitors will be debarred from further entry for Mòd prizes for a period of five years.

BACADH CO-FHARPAIS.—Mur bi e air a chur an céill air mhodh eile, bacar co-fharpaiseach a bhuidhinn prìomh dhuais dà bhliadhna an déidh a chéile ann an còmh-stri air bith, bho fheuchainn anns a' cheart cho-fharpais air an treas bliadhna; ach faodaidh iad dol air an adhart air a' bhliadhna an déidh na bliadhna anns an robh iad air am bacadh Cha bhuin an riaghailt so ri Còisirean, Orain Cheathrair no ri Orain Chàraid. Cha mhò a tha i a' buntainn ri socrachadh prìomh-àite choionannach.

Tha muinntir a bhuidhinn buinn shuaicheantais òir air an dùnadh a mach bho na co-fharpaisean Seinn Aon-Neach, 51, 52.

Cha cheadaichear do òigridh a choisinn suaicheantais airgid a' Mhòid feuchainn airson nan duaisean sin an dara uair.

Cha cheadaichear do neach air bith aig a bheil seinn mar dhreuchd choitchinn cuid a ghabhail ann an co-fharpaisean sam bith air son seinn.

NA BREITHEAMHNAN AGUS AN CUMHACHDAN.—Theid breith nam breitheamhnan anns na co-fharpaisean gu léir a shocrachadh a réir cunntas chomharan, agus socraichear luach nan comharan sin leis an luchd-riaghlaidh mu'n tòisich am Mòd. Tha co-dhùnadh nam Breitheamhnan do-atharraichte.

Tha còir aig na Breitheamhnan air na duaisean a roinn, a lughdachadh, no a chumail air an ais, far am meas iad nach 'eil an obair làn-airidh. Tha òrdugh aca nach toir iad dara no treas duais ann an co-fharpaisean anns nach gabh eóignear cuid, na's lugha na bhios an obair comharraichte math.

Faodaidh na Breitheamhnan òrdugh no sanas a thoirt do cho-fharpaiseach sgur a leughadh, a dh' aithris, a' dh' innseadh sgeulachd, no a sheinn, aig ionad sam bith d'a obair.

Cha'n fhaod Leughadh no Aithris maireachduinn na's fhaide na deich mionaidean.

Cha'n fhaod Aithris Eachdraidh no Sgeulachd maireachduinn na's fhaide ann na fichead mionaid.

Cha toirear duais an comh-fharpais sam bith, mur bi dithis no triuir

SANAIS-GHRABAIDH. Feumar sanais-ghrabaidh an aghaidh luchd-farpais a chur gus an Rùnaire mu'm bi breith nam breitheamhnan air a cur an céill; no, far an comasach e, mu'n tòisich a' cho-fharpais; feumaidh iad a bhi sgrìobhte, agus feumaidh iad a nochdadh gu soilleir ciod an cumha a theid a bhristeadh, agus am bonn air am bheil am bacadh air iarraidh. Feumar leth-chrùn a chur leis gach litir ghrabaidh; theid a chur air ais ma theid aontachadh le iarrtas na litreach. Mur faighear dligheach, ceart e, cumar an leth chrun mar ùbhla. Cha ghabhar ri sanais-ghrabaidh ach a mhàin bho mhuinntir a tha iad fhéin ag gabhail cuid anns a' cho-fharpais shònraichte d'am buin am bacadh. Bidh e ceadaichte do'n Runaire, an comh-airle ri buill Comhairle a' Mhoid 'sa Chiuil a dh' fhaodas a bhi an lathair, buntainn aig am sam bith ri ceistean a thaobh briseadh nan cumhnantan a tha a' riaghladh co-fharpaisean a' Mhoid.

NA COINNEAMHAN CIUIL. — Tha sùil aig an Luchd-riaghlaidh gu'n toir na co-fharpaisich a bha a' seinn cuideachadh aig a' Choinneimh-chiùil air feasgar Dior-daoin agus air feasgar Di-haoine.

COMHARAN.—Cha toirear fios sgrìobhte do cho-fharpaisich air àireimh an cuid comharan gu ceann mìos an déidh a' Mhòid. Chan 'eil còir aig co-fharpaiseach air bith air fios fhaighinn mu chomharan co-fharpaisich eile Feumar tasdan a chur an cois gach iarrtais de 'n ghnè so.

Bidh co-fharpaiseach 'sam bith a dh' fheuchas le dheòin ri bhi a' briseadh aon sam bith de Riaghailtean nan co-fharpaisean air a bhacadh bho bhi ag gabhail cuid ann an co-fharpaisean a' Mhòid fad chóig bliadhna.

All information may be had from the General Secretary Mr. NEIL SHAW, 131 West Regent Street, Glasgow, C 2.

*Treasurer* — Mr. JAMES T. GRAHAM, C.A., 5 St. Vincent Street, Glasgow, C 1.

*Local Secretary*—

*Local Treasurer*—

---

Gheibhear gach fiosrachadh bho'n Rùnaire Mgr. NIALL MACGILLE SHEATHANAICH, 131 Sràid Iar Regent, Glaschu.

*An Taisgear.*—SEUMAS T. GREUM, 5 Sràid St. Vincent, Glaschu.

*An Runair Ionadail*—

*An Taisgear Ionadail*—